

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a "letter", written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 250.*

Halò a-rithist a chàirdean. Ruairidh MacIlleathain an seo le Litir dà cheud is leth-cheud (250). Chan eil fhios agam cia mheud agaibh a chunnaic am film ainmeil aig Mel Gibson, *The Passion of The Christ*, a thàinig a-mach o chionn ghoirid. Chan fhaca mi fhìn e, ach tha feadhainn dhen bheachd gur e film air leth math a th' ann, ged a tha cuid eile ag ràdh gu bheil e mì-thlachdmhor is gu bheil e a' toirt droch chliù do na h-Iùdhaich a bha an sàs ann an ceusadh Iosa Chrìosd.

Leis gum bi mòran agaibh, a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, a' còmhradh air a' film ann am Beurla, shaoil mi gum biodh e iomchaidh pìos beag às a' Bhìoball Ghàidhlig a chur mur coinneimh an t-seachdain seo. Gheibh sibh, mar sin, cothrom beagan de bhriathrachas a' ghnòthaich a chluinntinn is a leughadh ann an Gàidhlig. Thagh mi pìos à Leabhar Mhata, Caibideil fichead 's a seachd (27), a' tòiseachadh aig Earrann fichead 's a seachd.

“An sin thug saighdearan an uachdarain leotha Iosa do thalla a' bhreitheanais, agus chruinnich iad a' bhuidheann uile mu thimcheall. Agus air dhaibh a rùsgadh, chuir iad uime fallaing sgàrlaid. Agus air dhaibh crùn droighinn fhigheadh, chuir iad mu cheann e, agus slat chuilce na làimh dheis: agus lùb iad an glùn na làthair, agus rinn iad fanaid air, ag ràdh, Gum beannaichear thu, a Rìgh nan Iùdhach.

Agus thilg iad smugaid air, agus ghlac iad an t-slat chuilce, agus bhuail iad sa cheann e. Agus an dèidh dhaibh fanaid a dhèanamh air, thug iad an fhallaing dheth, agus chuir iad aodach fhèin uime, agus thug iad leotha e chum a cheusadh. Agus nuair a chaidh iad a-mach, fhuair iad duine o Chirene, dom b' ainm Simon: is esan a dh'èignich iad gu a chrann-ceusaidh-san a ghiùlan. Agus an uair a thàinig iad gu ionad dhen ainm Golgota, 's e sin ri ràdh, 'àite-claiginn', thug iad dha ri òl fion geur measgaichte le domblas: agus air dha a bhlasad, chan òladh e e.”

Tha sin gar toirt gu deireadh Earrainn trithead 's a ceithir (34), agus tha mi a' dol a leantainn le tuilleadh ann an tiotan. Gu ruige seo, tha an cunntas air a bhith ann an Gàidhlig air fad. Ach tha e inntinneach gun do dh'aithris Mata air a' ghnòthach le bhith a' cleachdadh faclan ann an Aramais aig Iosa fhèin, agus tha na faclan sin a' nochdadh, mar a nochd iad bho thùs, ann an Aramais eadhon anns a' Bhìoball Ghàidhlig. Seo tuilleadh dhen chunntas a' tòiseachadh aig Earrann ceathrad 's a trì (43), agus na h-àrd-shagartan a' fanaid air Iosa:

“Chuir e a dhòigh ann an Dia; saoradh e a-nis e, ma tha toil aige dha; oir thuir e, Is mise Mac Dhè. Agus thug na gadaichean, a cheusadh maille ris, am beum ceudna dha. A-nis on t-siathamh uair bha dorchadas air an tìr uile gus an naoidheamh uair. Agus mu thimcheall na naoidheamh uaire, dh'èigh Iosa le guth àrd, ag ràdh, *Eli, Eli, lama sabachtani?* Is e sin ri ràdh, Mo Dhia, mo Dhia, carson a thrèig thu mi?”

B' iad sin na faclan mu dheireadh a chualas bho Iosa Crìosd air a' chrann-cheusaidh, agus tha mi an dùil gur iad sin na faclan a chanas an cleasaiche a tha a' cluich Iosa anns a' film, oir tha an sgrìobt ann an seann Aramais is seann Laideann. Is a bharrachd air ceistean creideimh, nach eil sin a' togail ceist mu chànan? Ma ghabhas film mòr dèanamh ann an Aramais is Laideann, carson nach gabhadh a leithid, stèidhichte ann an Alba, dèanamh ann an Gàidhlig?

* * * * *

Faclan na seachdainne: ainmeil: *famous*; mì-thlachdmhor: *unpleasant*; cliù: *reputation*; Iùdhaich: *Jews*; iomchaidh: *appropriate*; caibideil: *chapter*; earrann: *verse*; àite-claiginn: *skull-place*; Aramais: *Aramaic*; gadaichean: *thieves*.

Abairtean na seachdainne: gur e film air leth math a th' ann: *that it is an excellent film*; a bha an sàs ann an ceusadh Iosa Chrìosd: *who were involved in Jesus Christ's crucifixion*; mur coinneimh: *in front of you (for your consideration)*; gheibh sibh cothrom briathrachas a leughadh: *you will get an opportunity to read vocabulary*; Leabhar Mhata: *The Book of Matthew*; thug saighdearan an uachdarain leotha Iosa do thalla a' bhreitheanais: *the governor's soldiers took Jesus to the judgement hall*; mu thimcheall: *around him*; air dhaibh a rùsgadh: *after they had stripped him*; air dhaibh crùn droighinn fhigheadh: *after they had twisted together a crown of thorns*; slat chuilce na làimh dheis: *a reed cane in his right hand*; lùb iad an glùn na làthair: *they knelt in his presence*; Gum beannaichear thu: *Hail!*; thilg iad smugaid air: *they spat at him*; dom b' ainm Simon: *of the name of Simon*; a dh'èignich iad gu chrann-ceusaidh-san a ghiùlan: *that they forced to carry his own cross*; fion-geur measgaichte le domblas: *vinegar mixed with bile*; gus an naoidheamh uair: *until the ninth hour (thought to represent 3 p.m.)*; is e sin ri ràdh: *that is to say*; carson a thrèig thu mi?: *why have you forsaken me?*; carson nach gabhadh a leithid dèanamh?: *why couldn't the same sort of thing (film) be made?*

Puing-ghràmar na seachdainne: Chuir iad uime fallaing sgàrlaid: *they put a scarlet cloak on him (around him)*. Are you familiar with *uime*? It is a prepositional pronoun, based on the preposition *mu* (around, about), representing the third person singular masculine (ie around him). So how would you say "I put a cloak on (about) me"? It is *chuir mi cleòc umam*, using the prepositional pronoun connected with the first person singular. Most modern clothes are put on ie "*air*" but cloaks, plaids and swaddling are put around the body ie "*mu*". Here are the other prepositional pronouns based on *mu*: *umad* (about you), *uimpe* (about her), *umainn* (about us), *umaibh* (about you [pl.]), *umpa* (about them).

Gnàths-cainnt na seachdainne: Rinn iad fanaid air: *they mocked him*. Tha X a' dèanamh fanaid air Y: *X is mocking Y*.

* "*Litir do Luchd-ionnsachaidh*" is funded by *Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig*